


Beatha làitheil

FÒGARRACH AN DÀRNA CO GAIDH



Beatha làitheil

FÒGARRACH AN DÀRNA CO GAIDH



A' chìad fhoillseachadh sa Bheurla ann an 1999 le Wayland (Publishers) Ltd

Air fhoillseachadh ann an 2018 le:

Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

An Tosgan

Rathad Shiophoirt

Steòrnabhagh

HS1 2SD

www.storlann.co.uk

oifis@storlann.co.uk

 **Stòrlann**
Nàiseanta na Gàidhlig

© Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig 2018

Na còraichean uile glèidhete. Chan fhaoadar pàirt sam bith den leabhar seo
ath-rioichdachadh ann an cruth sam bith, no ann an dòigh sam bith, gun chead
ro-làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig
agus Riaghaltas na h-Alba.

Air a chlò-bhualadh le Mackay Inglis Glaschu


ISBN: 978-1-907054-83-9

Alan Childs
Na dealbhan le Des Campbell

 **Stòrlann**
Nàiseanta na Gàidhlig

CLÀR-INNSE

Na Fògarraich	4
Bileidean agus Luchd-aoigheachd	6
An Sgoil	8
Masgan gas	10
Ionnsaighean adhair	12
Raiseanan	14
Fògarraich ùra	16
‘A’ Mhargaidh Sprèidh’	18
‘Cladhaich airson Buaidh’	20
Feachd na Dùthcha	22
Fiosrachadh air Litearrachd	24
Beag-fhaclair	25
Clàr-amais	26



NA FÒGARRAICH

Fiù 's an dèidh oidhche cadail, tha Màiri a' faireachdainn sgìth. Tha i a' dùsgadh a bràthar agus tha iad a' suidhe còmhla san rùm-cadail ùr, neònach, a' coimhead air na beagan ghnothaichean aca. Tha Màiri a' cuimhneachadh mar a bha a màthair a' caoineadh 's i a' pacageadh na màileid an-dè. An uair sin tha i a' smaoineachadh air an oidhche a-raoir, nuair a choinnich i gu nearbhach ris an teaghlach ùr aice airson a' chiad uair.

Nuair a thòisich an Dàrna Cogadh ann an 1939, chaidh na milleanan de chlann fhògradh dhan dùthaich.

Chaidh an cur air falbh à bailtean mòra Bhreatainn a bha ann an cunnart bho na bomaichean aig na plèanaichean Gearmailteach. Mar bu trice bha bràithrean agus peathraighean air am fògradh còmhla. Fiù 's aig an sin, feumaidh gur e rud eagalach a bh' ann, do theaghlaich fhàgail agus beatha ùr a thòiseachadh fada bhon dachaigh.




► Dà fhògarrach leis na bagannan agus na leubailean aithneachaidh aca.

Dh'fhàg fògarrach mar Màiri na dachraighean aca agus chaidh iad a dh'fhuireach còmhla ri 'teaghlachan aoigheachd'. Dh'fhuirich cuid de na fògarrach sia bliadhna.






◀ Cha robh a' chùis buileach cho eagalach do dh'fhògairraich aig an robh bràthair no piuthar san rùmcadail ùr còmhla riutha. Tha na caileagan seo a' cumail nam masgan gas aca ri taobh na leapa.



Rinn riaghaltas Bhreatann diofar roinnean den dùthchaich. Thug iad 'sgìrean a ghabhas fògradh' air àiteachan mar bailtean mòra agus puirt a dh'haodadh a bhith air am bomadh. Thug iad 'sgìrean fàilteachaidh' air àiteachan air an dùthchaich far an robh dùil gum biodh clann na bu shàbhailte. Bha pàrantan air am brosnachadh gus an clann a chur gu sgìrean fàilteachaidh, ach chan fheumadh iad a dhèanamh.



Chaidh na milleanan de chlann fhògradh sa chiad trì lathaichean den t-Sultain 1939. Thill mòran dhiubh dhachaigh an dèidh greiseag, leis nach robh a' Ghearmailt air töiseachadh a' bomadh. Chuir an riaghaltas postairean suas a' brosnachadh phàrantan gus an clann fhàgail anns na sgìrean fàilteachaidh. Ach bha an sgaradh a' fàgail mòran theaghlaichean cho mi-thoilichte 's gun tug iad an clann dhachaigh. Bliadhna an dèidh seo thòisich bomadh Lunnainn. A-nis dh'fheumadh barrachd chloinne a bhith air am fògradh.


◀ Chleachd an riaghaltas dealbhan de chlann a' gàireachdainn air postairean mar seo gus feuchainn ri sealltainn do phàrantan ionagaineach gun robh fògairach toilichte.

BILEIDEAN AGUS LUCHD-AOIGHEACHD

Tha Tòmas na shuidhe aig bòrd a' chidsin, agus tha Granaidh Robasdan a' ruith a corragan tro fhalt. 'Dìreach a' coimhead airson mhialan,' tha i ag ràdh. 'Bha am fògarrach mu dheireadh a bh' againn beò leotha.' Tha Màiri air a h-uabhasachadh 's i a' coimhead air an t-seann bhoireannach a' tòiseachadh a' bearradh falt a bràthar le siosar.

Gu tric bhiodh fògarraich a' clisgeadh nuair a ruigeadh iad an dachaigh ùr no 'bileid' an toiseach. Bha dragh air na pàrantan ùra, no an luchd-aoigheachd,

gun toireadh na fògarraich mialan agus galar craicinn ris an canar impetigo a-steach dhan dachaigh. Le sin, b' e an fhàilte a fhuair cuid de dh'fhògarraich bhochda, gun deach am bogadh ann an amar agus am falt a ghearradh dhiubh.



◀ Fògarrach a' faighinn cliop.

Bileid air a' Ghàidhealtachd ann an 1944.
Ged a bha beatha sgràthail aig cuid de na fògarraich, chòrd am beatha ùr air an dùthaich gu mòr ri cuid eile.






◀ Tha a' chlann seo a' feitheamh gus ola-nan-trosg fhaighinn. Bha seo math airson cnàmhan a dhèanamh làidir agus airson casg a chur air galar ris an canar rickets, ach bha blas uabhasach oirre.

Bhiodh mòran de na fògarraich a' fliuchadh na leapa leis gun robh an t-eagal orra. Nam biodh an luchd-aoigheachd feargach mu dheidhinn, bha seo ga dhèanamh na bu mhiosa.

Bha na teaghlaichean aoigheachd an urra ri slàinte na cloinne a bha fon càram, agus dh'fheumadh fògarraich feitheamh ann an loidhne airson dòsan cunbalach de dh'ola-nan-trosg air an robh blas sgreamhail.

Airson a' chiad uair bha rùm-ionnlaid ceart aig fògarraich bho dhachaighean bochda. Ach aig àm a' chogaidh bha uisge teth air a raiseanadh. Cha bu choir barrachd air còig òirlich (12.5cm) de dh'uisge a bhith ann an amar, agus gu tric bhiodh loidhne air a peantadh timcheall cliathaich an amair aig an àirde seo.



◀ Fògarraich gan nighe ann an sgoil ann an 1941.



AN SGOIL

Tha Màiri air bhoil 's i a' faicinn na sgoil ùir aice airson a' chiad uair. Tha i na seasamh taobh a-muigh nan rèilichean gus am mothach tè de na seann charaidean aice bhon taigh dhi. Còmhla, tha iad a' coiseachd gu slaodach a-steach dhan raon-cluiche. Tha na fògarraich gu lèir nan seasamh ann an aon oisean, agus tha clann an àite ann an oisean eile. Tha cuid de chlann a' bhaile ag èigheach ainmean orra.



▲ Bha stuthan sgoile gann air sgàth gainneadan a' chogaidh.



Dh'fheumadh sgoiltean àite fhaighinn do na sgoilearan àbhaisteach aca a bharrachd air àireamh mhòr de dh'fhògarraich. Bha suas ri seachdad leanabh ann an cuid de chlasaichean, agus 's e glè bheag de stuthan a bh' aca. Bhiodh tidsearan a' coimhead air na leabhraichean sgriobhaidh aca gu cunbalach gun fhios nach robh a' chlann a' caitheamh cus pàipeir; uaireannan dh'fheumadh sgoilearan cothrom mu seach a ghabhail air peansail.

Bha mòran de na tidsearan gu math aosta. Bha iad air sgur a dh'obair, ach thill iad gu teagasg an àite nan tidsearan a b' òige a bha air a dhol dha na feachdan armaichte. Bhiodh na tidsearan a b' òige gu tric a' tadhail air na seann sgoilearan aca, 's iad ann an èideadh spaideil ùr an airm, an nèibhidh no feachd an adhair.

◀ Tidsear a' dèanamh leasan air ionnsaighean adhair, a' cleachdadadh pìos meatailt bho phléana Ghemailteach a chrais.

**Tha na fògarraich seo gan
teagasg ann an taigh-mòr
ann an 1939.**

Ann an cuid de sgoiltean, bha clann an àite air an teagasg sa mhadainn, agus na fògarraich feasgar. Fhàd 's a bha aon bhuidheann sna rumannan-teagaisg, bhiodh am fear eile a' dèanamh gheamannan a-muigh no cuairt nàdair. Bha cuid de na fògarraich air an teagasg a-muigh, no ann an taighean-mòra brèagha.




San raon-cluiche, bhiodh sabaid a' tòiseachadh eadar clann an àite agus na fògarraich. Uaireannan bhiodh fiù 's pàrantan clann an àite a' magadh air na 'fògarraich shalach'. Bha muinntir an àite an aghaidh nam fògarrach leis gun robh cus chloinne sna sgoiltean, agus leis gun robh an coltas agus an cainnt cho diofraichte. Ach bha othail gu lèor sna sgoiltean do na fògarraich cuideachd. Bhiodh drilichean ionnsaigh-adhair a' cur stad air leasanan, agus bhiodh

cruinneachaidhean air an dèanamh do dh'adhbharan mar an *Spitfire Fund*, a bhiodh a' cruinneachadh airgead gus tuilleadh phléanaichean a thogail.



◀ **Do na fògarraich, bha a' chiad latha san sgoil fiù 's na b' eagalaiche na an àbhaist.**



MASGAN GAS

Tha an tidsear a' cur stad air an leasan agus ag ràdh: 'Tha sinn a' dol a dhèanamh practas air obrachadh leis na masgan gas oirnn. Thoiribh às na bogsaichean iad.' Tha a' chlann a' dèanamh cnead agus tha cridhe Mairi a' tuiteam. Is lugha oirre am

masg grànda le fàileadh

rubair; bidh i a' faireachdainn
gu bheil i air a mùchadh ann.

San t-seann sgoil, dh'fheumadh
iad a bhith orra ùine mhòr.



▲ B' fhior thoigh leis a' chloinn
fuaimean mì-mhodhail a
dhèanamh le masgan *Mickey Mouse* mar am fear seo.

Bha eagal ann gun leagadh na
plèanaichean Gearmailteach bomaichean
san robh gas puinnseanta agus le
sin fhuair a h-uile duine masg gas.

Fhuair clann fo chòig masg *Mickey Mouse* air an robh dathan soilleir
gus gum biodh iad airson an
cur orra. Bha leanaban air an
cur am broinn rud fada na bu
mhotha, dhan robh èadhar
ga pumpadh. Bha fiù
's pramaichean ann
le dion bho ghas.

Fhuair luchd-faire
ionnsaighean adhair masg
le piob fhada a' dol a-steach gu
'bogsa bruidhinn' air a' chrios aca,
agus bhiodh iad ag èigheach òrdain
tron bhogsa.

◀ Màthair agus an leanabh aice, agus am masg gas sònraichte
aige, ann an 1940.





▲ Tidsear a' cuideachadh nan sgoilearan aice gus na masgan a chur orra.

Dh'ionnsaich clann san sgoil gu luath mar a chuireadħ iad orra na masgan agus mar a dh'obraicheadh iad 's iad orra. Bha e doirbh bruidhinn, agus cha b' fhada gus am biodeh sgleo a' tighinn air an uinnejg bhig għlainne. Bha gual-fhiodha am bonn a' mhasg gus puinnsean a thoirt às an èadhar.



▲ Masg gas le inbheach.

Aig toiseach a' chogaidh, thug daoine deagh aire air na masgan agus bha iad nan cois anns gach àite. Fhuair cuid ceasaichean sgeadaichte air an son. Ach, mar a chaidh an ùine seachad gun ionnsaighean gas ann, sguir daoine a għiūlan nam masgan. Ro dheireadħ a' chogaidh, bha mōran mhasgan air am fàgħiġ ann an lobhtaichean.

▼ Practas masgan gas ann an 1941.



IONNSAIGHEAN ADHAIR


“Ruith rabaid, ruith rabaid, ruith,
ruith, ruith.” ’S e meadhan na maidne
a th’ ann agus tha Màiri agus a’
chlann eile a’ seinn fhad ’s a tha iad
air am bruthadh còmhla ann am
fasgadh ionnsaigh adhair na sgoile. Nuair a tha an
cnead mu dheireadh de chonacag na h-ionnsaigh
adhair a’ falbh, tha am fear-faire ag èigheach nan
ainmean air a’ chlàr. Tha cuideigin ag ràdh ann an
sanais gun deach plèana Ghearmailteach seachad
air a’ bhaile ’s an t-einnsean aice na theine.




Fiù ’s a-muigh air an dùthaich bha ionnsaighean adhair ann. Bhiodh plèanaichean Gearmailteach, air an t-slighe dhachaigh bho ionnsaigh air bailtean mòra mar Lunnainn, a’ leagail na bha air fhàgail aca de bhomaichean mus ruigeadh iad an costa. Nuair a thòisicheadh a’ chonacag, bhiodh an luchd-faire a’ dèanamh cinnteach gun robh fasgadh aig a h-uile duine. Bhiodh luchd-obrach saor-thoileach, ‘luchd-faire theintean’, a’ cumail sùil gun fhios nach cuireadh bomaichean togalaichean nan teine.



◀ Bhiodh an neach-faire
a’ sèideadh fideag
gus ionnsaigh adhair
a chomharrachadh,
agus a’ cleachdadh
clag gus innse mu
dhrile nam masgan
gas.





◀ Neach-faire ionnsaigh adhair agus tidsearan a' dèanamh cinnteach gu bheil gach sgoilear sàbhailte ann am fasgadh, ann an 1939. B' e seo a' chiad phractas aig an sgoil seo sa chogadh.

Bha fasgaidhean aig na sgoiltean fhèin, a bha uaireannan air an cladhach a-mach fon raon-cluiche. Bhiodh practasan ann gu cunbalach gus dèanamh cinnteach gum faigheadh a' chlann thuca ann an cabhag. Aig an taigh, thog mòran dhaoine fasgadh Anderson sa ghàrradh. Fhuair cuid eile fasgadh nan dachaigh, ann an cèidse stàilinn air an robh fasgadh Morrison, no fon staidhre.

Bhiodh cuid de sgoilearan ag obrachadh conacag ionnsaigh adhair na sgoile. Bhiodh clann-sgoile cuideachd a' gabhail greis mu seach a' cumail faire airson plèanaichean an nàmhaid. Dh'aithnicheadh iad na cruthan aca, agus fiù 's fuaim nan diofar einnseanan, agus le sin b' urrainn dhaibh innse an e plèana Ghearmailteach a bh' ann no 'tè leinn fhèin'. B' e àm eagalach a bh' ann, ach bha e togarrach cuideachd.

▼ Clann a' coimhead air sloc a dh'fhàg boma Gearmailteach san raon-cluiche aca.



RAISEANAN

Le rùchdail nan stamagan, tha Tòmas agus Mairi a' feitheamh còmhla ri Granaidh Robasdhan aig bùth a' ghrosair. Feumaidh iad feitheamh ùine mhòr mus dèilig am boireannach riutha mu dheireadh thall. 'Feumaidh sinn leabhraichean nan raiseanan agaibh a chlàrachadh an seo,' tha Granaidh ag innse dhaibh, 'gus am faigh sibh cuibhreann cothromach de bhiadh. Tha glasraich ùr bhon ghàrradh againn cuideachd gu ar dinnear a-nochd.'

Dh'fhàs biadh gann tron chogadh, leis gun deach mòran bhàtaichean a bha a' giùlan stuth a Bhreatainn a chur fodha le bàtaichean-aigeil Gearmailteach. Chaidh raiseanadh a thoirt a-steach, a bha a' ciallachadh nach robh e

ceadaichte ach beagan de bhiadhan sònraichte a cheannach. Chaidh leabhar raiseanan donn a thoirt do dh'inbhich, fear gorm do chlann, agus fear uaine do bhoireannaich a bha an dùil ri leanabh agus do leanaban. Bhiodh luchd na bùtha a' comharrachadh no a' toirt às nam bileagan ann an leabhar raiseanan, gus sealltainn gun robh an neach-ceannach air raisean na seachdain fhaighinn.




◀ **Neach-bùtha a' gearradh bhiveagan bho leabhar raiseanan. Bha orainsearan air an cur air leth do chlann agus do bhoireannaich a bha an dùil ri leanabh.**

Bha hama, ìm, càise, tì, siùcar, silidh agus suiteis air an ▼ raiseanadh tron chogadh.



► Tha na boireannaich seo a' feitheamh san t-sneachd gus am fosgail na bùthan. Dh'fheumadh iad a bhith ann tràth gus a bhith cinnteach gum faigheadh iad biadh gu leòr dhan teaghlaich.



Dh'fhàs màthraighean agus seanmhairean eòlach air a bhith a' feitheamh ann an sreath airson biadh. Rinn iad suas reasabaidhean annasach cuideachd gus am biadh a bha ri fhaotainn a chleachdad. Thug clann an aire gun robh currain anns a h-uile rud cha mhòr - eadar briosaidean currain agus silidh currain. Dh'fhàs daoine measail air *spam* à crogan aig àm a' chogaidh, agus bhiodh iad ag ithe feòil muic-mhara air a fraidhigeadh cuideachd.




Bha e cudromach nach deigheadh biadh a leigeil a dholaidh aig àm a' chogaidh. Bha corran air an cumail dha na mucan. Fhuair daoine ballrachd ann an 'clubaichean muice', far an cuidicheadh iad gus muc a bhiathadh airson cuibhreann den fheòil aice. Air oiseanan sràide bha bionaichean muice anns an cuireadh daoine na corran aca. Chaidh reasabaidhean feumail a chraoladh air a' wireless airson daoine a chuideachadh gus biadh tarraingeach a dhèanamh le pìosan annasach de fheòil, mar na casan agus an eanchainn.

◀ Bha postairean ag innse do dhaoine, le bhith a' toirt chorran do mhucan, gum biodh barrachd bìdh ri fhaotainn.

FÒGARRAICH ÙRA

Tha cloc na h-eaglais a' bualadh uair feasgar, agus tha Màiri a' coimhead air buidheann ùr de dh'fhògarrach a' ruigheachd. Tha iad a' tighinn gu cliobach, sgìth a-mach às an stèisean-rèile. Tha deagh fhios aice mar a tha iad a' faireachdainn. Tha oifigear bileideachaidh ag èigheach: 'Thèid ur toirt a-nis gu talla a' bhaile, far an tèid ur taghadh leis na teaghlaichean ùra agaibh.'





**Boireannaich a' feitheamh ann an sreath airson raiseanan
bìdh, agus a' coimhead air fògarraich agus na tidsearan
aca a' ruigheachd a' bhaile.**

Am faic thu na trì caractaran a tha a' nochdadh ann an
àiteachan eile san leabhar seo? Cia mheud rud a chì thu a
tha a' sealltainn gur e àm a' chogaidh a th' ann? Gheibh thu
tuilleadh a-mach air duilleag 24.

A' MHARGAIDH SPRÈIDHE



Ann an talla a' bhaile, tha teaghlaichean an àite a' taghadh nam fògarrach aca. Tha grèim teann aig caraidean air làmhan a chèile, 's iad an dòchas nach tèid an sgaradh. A rèir coltais, tha a' chlann sgiobalta, shàmhach air an taghadh an toiseach. Mar a tha an rùm a' falamhachadh, tha an fheadhainn a tha air fhàgail a' coimhead ris an lär. Tha e coltach ri margaidh sprèidh anns nach deach an ceannach.

Do mhòran chloinne, b' e aon de na rudan bu mhiosa mun fhògradh a bhith a' feitheamh gus an taghadh teaghlaich aoi gheachd iad. Uaireannan, bhiodh na dachaighean air an taghadh agus bhiodh iad air an toirt direach ann. Ach ann an àiteachan eile bhiodh pàrantan a' taghadh nam fògarrach a bha a' cordadh riutha. Gu tric cha bhiodh clann robach no buidhnean de

bhràithrean agus peathraighean air an taghadh. Uaireannan bhiodh aig oifigearan bileideachaидh ri clann a thoirt timcheall taighean na sgìre, a' feuchainn ri toirt air teaghlaichean an gabhail dhan aindeoin.

◀ Fògairach le leubailean agus lem bagannan ann an 1940.


Bha leubail a' sealltainn ainm agus sgoil an fhògairach air an aodach aca, gun fhius nach deigheadh iad air chall.




Bha cianalas cho mòr air cuid de dh'fhògarraich 's gun deach an cur dhachaigh ann am beagan mhiosan, no fiù 's seachdainean. Bha cuid eile toilichte anns na teaghlaichean ùra aca ge-tà, agus dh'fhuirich iad grunn bhliadhna. Bha clann fo chòig bliadhna a' siubhal còmhla rim màthraighean, a bha feumach air bileid cuideachd. Ach glè thric bha barrachd dhuilgheadasan ann nuair a dh'fheumadh màthraighean fuireach ann an taigh cuideigin eile.



▲ Poileas a' sgrùdadhbileag fògarrach òg aig an stèisean.



- ▼ San dealbh seo tha fògarrach a' clàrachadh cuide rin teaghlaichean ùra san t-Sultain 1939.



Bha teaghlaichean aoigheachd uabhasach mosach uaireannan ris na fògarraich. Ge-tà bha mòran theaghlaichean fior choibhneil, agus bha iad cianail troimh-a-chèile nuair a dh'fhàg na fògarraich. Bhiodh iad tric a' cumail fios ri chèile fad bhliadhna. Bha e fiù 's doirbh do chuid a bhith nam pàirt den teaghlach aca a-rithist, nuair a thill iad dhachaigh mu dheireadh thall.

CLADHAICH AIRSON BUAIÐH

Tha Granaidh a' toirt Thòmais agus Màiri air cuairt meadhan an fheasgair. Tha ceum làidir aig Granaidh, agus nuair a tha iad a' ruith às a dèidh, chì iad buidheann de bhoireannaich òga. Tha an aon aodach orra uile, 's iad a' seinn. 'Hallò,' tha aon dhiubh ag èigheach. 'A bheil sibhse nur fògarraich cuideachd – coltach riumsa?' Tha i a' coiseachd a-null

thuca, le gàire. Tha poll air na h-overalls aice agus air a h-aodann.

Leis gun robh biadh cho gann, dh'fheumadh a h-uile duine cuideachadh le bhith a' fàs barrachd air an fhearann. Bha 'Caileagan an Fhearinne' ann am Feachd Fearainn nam Ban (*WLA - Women's Land Army*) air an dachaighean fhàgail gu saor-thoileach, car coltach ri fògarraich, gus fuireach còmhla ri teaghlaichean ann an sgìrean àiteachais. Bha iad a' cuideachadh thuathanaich aig nach robh luchd-obrach leis gun robh iad a' sabaid anns na feachdan. Bha caileagan an fhearinne ag obair gu cruaidh, 48 uairean a thìde san t-seachdain, a' bleoghann crodh, a' cladhach dhigean agus a' buain bàrr. Gu tric dh'fheumadh iad fuireach ann am bothain gun uisge nam piob, dealan no gas. Cha robh a' mhòr-chuid de chaileagan an fhearinne air obair mar seo a dhèanamh roimhe, ach chòrd companas Feachd an Fhearinne riutha.

► Bha aig caileagan an fhearinne ri uairean fada, cruaidh obrachadh gus tuathanasan na dùthcha a chumail a' dol.


Bha postairean ag ràdh ri daoine
‘Cladhaich airson Buaidh’ gus barrachd
bàrr a chur.






► **Bha a bhith faisg air beathaichean air tuathanas direach iongantach do chuid de na fògarrach.**

Thàinig piseach air mòran de chlann nam bailtean mòra le saorsa agus èadhar glan air an dùthaich. Cha robh cuid aca faisg air tuathanas ron seo. Mar a chì thu san earrainn bho aiste a sgrìobh fògarrach aois deich bliadhna, cha robh fios aig cuid aca fiù 's dè bh' ann am bò.



Bha daoine ag ithe biadh na b' fhallaine agus na bu nàdarra aig àm a' chogaidh, le tòrr glasraich ùr. Leis an iomairt 'Cladhaich airson Buaidh' bha daoine air am brosnachadh gus biadh fhàs air an fhearrann. Thuirt an riaghaltas: 'Chan e dìreach an duine mòr le crann a tha sinn ag iarraidh, ach cuideachd an duine beag le spaid.'



► **Bha daoine moiteil às na b' urrainn dhaibh fhàs de bhiadh, fiù 's ann an gàrradh beag. Bha fasgaidhean Anderson air an còmhdaich le ùir, agus chleachd mòran dhaoine seo gus glasraich fhàs.**

FEACHD NA DÙTHCHA


Bha aig Seanair Robasdhan ri dhol còmhla ris a' phlatùn aige a-nochd, a shireadh a' phaidhleat Ghearmailtich a tha a dhìth. Tha a' chlann nan seasamh air an rathad, a' coimhead Feachd na Dùthcha a' mèarrsadhbh seachad, 's na raidhfilean aca air an gualainn. Tha Seanair a' coimhead spaideil na èideadh, is striopan an t-seàirdeant air. Tha e a' priobadh ris a' chloinn 's e a' dol seachad.



Chaidh Feachd na Dùthcha a chur air dòigh do dh'fhir a bha ro shean gus gabhail dhan arm, agus do dhaoine mar thuathanaich agus mèinneadairean a bha a' dèanamh obair cho cudromach 's nach b' urrainn dhaibh falbh. Sa Chèitean 1940 thàinig a' chiad fheadhainn air adhart gu bhith nam buill de na Saor-thoilich Ionadail (*LDV - Local Defence Volunteers*) mar a bh' air an uair sin. Ghabh mu 250,000 fear dhan bhuidheann ann an ceithir uairean fichead. Na b' fhaide air adhart thug iad Feachd na Dùthcha air.

Bhiodh daoine ri fealla-dhà mu Fheachd na Dùthcha. B' e *Dad's Army* a bh' aca orra agus bhiodh iad ag ràdh gum b' e *Look, Duck and Vanish* a bha LDV a' ciallachadh. Cha do chuidich e iomhaigh Feachd na Dùthcha nuair a thug an riaghaltas buill-airm sheann-fhasanta leithid phìcean dhaibh.

◀ **Bha mòran de fhireannaich na bu shine a bha air sabaid sa Chiad Chogadh (1914-18) ann am Feachd na Dùthcha.**



◀ Platùn Feachd na Dùthcha sna miosan mus d' fhuair iad èideadh ceart.

B' e obair Feachd na Dùthcha an sgìre ionadail a dhòn, gu h-àraidh an costa, factaraidhean agus raointean-adhair. An toiseach cha robh èideadh no buill-airm cheart aig na buill. Rinn iad an gnothach le piocan, forcan-feòir, camain goilf agus seann bhuill-airm losgaidh air iasad bho thaighean-tasgaidh. Rinn iad bomaichean peatrail cuideachd, air an robh *Molotov cocktails*, le bhith a' lionadh seann bhotail lionn agus fion le measgachadh lasanta de phaireafain, peatrail agus teàrr.

Tron latha, bha buill Feachd an Adhair ris an obair àbhaistich aca.

Air an fhionnairidh, bha iad a' trèanadh agus ag ullachadh airson na Gearmailtich briseadh a-steach. Bha aig ceannardan Feachd na Dùthcha ri clagan nan eaglaisean a bhualadh nan tòisicheadh bristeadh a-steach.



◀ Tha an saighdear seo ann am Feachd na Dùthcha a' feitheamh ri dhol air faire fad-oidhche.

LOIDHNE-TÌM

Gearran 1939	Fasgaidhean Anderson air an sgaoileadh an toiseach.
1 Sultain 1939	Feeachdan Gearmailteach a' mèarrsadh a-steach dhan Phòlainn.
1-3 Sultain 1939	Clann nam mòr-bhailtean ann am Breatainn air am fògradh chun na dùthcha.
3 Sultain 1939	Aig 11 m, Breatainn a' dol a chogadh ris a' Ghearmailt.
29 Sultain 1939	Cairtean-aithneachaidh air an sgaoileadh.
Faoilleach 1940	Raiseanadh a' tòiseachadh.
14 Cèitean 1940	A' chiad iarrtas airson Shaor-thoilich Ionadail (Feeachd na Dùthcha).
7 Sultain 1940	Ionnsaighean adhair air Lunnainn (am <i>Blitz</i>) a' tòiseachadh.
	Tuilleadh chloinne air am fògradh.
19 Sultain 1940	Hitler a' cur dàil ann am planaichean gus bristeadh a-steach air Breatainn.
Dàmhair 1940	A' Bhana-phrionnsa Ealasaid (a' Bhanrigh againn) a' craoladh air <i>Children's Hour</i> .
Faoilleach 1941	Faire-teine a-nis na lagh air sgàth bhomaichean loisgeach Gearmailteach.
Màrt 1941	Silidh, marmalade, siorap agus trèicil air an raiseanadh.
Iuchar 1942	Suiteis air an raiseanadh.
6 Ògmhios 1944	D-Day: Feeachdan Breatannach a' dol air tir san Roinn Eòrpa.
12 Ògmhios 1944	Bomaichean V-1 Gearmailteach (<i>doodlebugs</i>) air an cur a dh'ionnsaigh Bhreatainn: an t-àm fògraiddh mu dheireadh do chlann a' tòiseachadh.
8 Cèitean 1945	VE Day (Buaidh san Roinn Eòrpa).

FIOSRACHADH MU NA 'FÒGARRAICH ÙRA' AIR DUILLEAGAN 16-17

'S iad na trì caractaran a tha a' nochdadhl an àiteachan eile san leabhar, an tidsear (d 8) a tha a' cuideachadh nam fògarrach ùra a tha a' ruigheachd; an neach-faire (d 12) ag ràdh ri fear na bùtha teip a chur air na h-uinneagan aige agus saighdear Feeachd na Dùthcha (d 22) is teachdaireachd na làimh.

Aithnichidh sinn gur e àm a' chogaidh a th' ann oir tha neach-faire ionnsaighean adhair ann agus sleath airson raiseanan; tha sgàil air solais a' chàir air sgàth an dubhaidh; tha soidhne an stèisein air a pheantadh gus saighdearan a bhriseas a-steach a chur iomrall; tha teip air uinneagan an stèisein gus nach falbh glainne air feadh an àite ma thuiteas boma; tha fògarraich le leubailean agus masgan gas a' ruigheachd; tha saighdear Feeachd na Dùthcha ann; agus tha bionaichean ann gus stuth ath-chuairteachadh.

STÒRAN NAM BRIATHRAN

1. Litir le fògarrach, cruinneachadh priobhaideach.
2. Rose Isserlis, bho B. S. Johnson (deas.), *The Evacuees* (Gollancz, 1968).
3. Kate Eggleston ann an Jonathan Croall, *Don't You Know There's a War On?* (Hutchinson, 1988).
4. Doreen Bridges, agallamh clàraichte, cruinneachadh an ùghdair.
5. Mary-Rose Murphy ann an Jonathan Croall, faic gu h-àrd.
6. Kate Eggleston ann an Jonathan Croall, faic gu h-àrd.
7. May Owen, bho B. S. Johnson (deas.), *The Evacuees* (Gollancz, 1968).
8. BBC News (29.10.39): Aiste le leanabh deich bliadhna, briathran às an aiste ann an Susan Briggs, *Keep Smiling Through* (Book Club Associates, 1975).
9. John Dossett-Davies ann an Jonathan Croall, faic gu h-àrd.

Beag-fhaclair

conacag

Uidheam a nì fuaim mòr gus rabhadh a thoirt mu ionnsaigh adhair.

fògarrach

Cuideigin a bha air a chur air falbh bho àite cunnartach gu àite sàbhailte.

lasanta

Furasta a chur na theine.

lot

Pìos de dh'fhearann poblach air a chleachdadh gus glasraich fhàs.

luchd-faire ionnsaigh adhair

Oifigich a dh'fheumadh rian a chur air daoine nuair a bha ionnsaigh adhair no dubhadh ann.

oifigear bileideachaidh

Oifigeach a bhiodh a' feuchainn ri dachaighean a lorg do dh'fhògarraich.

platùn

Aonad shaighdearan ann am feachd.

spam

Feòil ghiullaichte, feòil-muice sa mhòr-chuid, ann an crogan.

Spitfire

Plèana chogaidh ainmeil Bhreatannach.

Cleachd làrach an Dàrna Cogaidh (www.storlann.co.uk/an-darna-cogadh) gus tuilleadh fhaighinn a-mach mu thùs agus/no mu chiall cuid de na faclan cogaidh a tha san leabhar seo: **fògradh chloinne** (d 4); **masgan gas** (d 10); **fasgadh Anderson** (d 13); **raiseanan** (d 14); **caileagan fearainn** (d 20); **Feachd na Dùthcha** (d 22).

Clàr-amais

Tha àireamhan ann an **clò trom** a' toirt iomradh air dealbhan agus fo-thiotalan.

- A' Ghearmailt 5
amar 6, 7
an dùthaich 3, 4, 5, **6**, 12, 21

bailtean mòra 4, 5, 12
biadh 14, **15**, 15, 20, 21
bileid 6, **6**, 19
bomadh 5
bristeadh a-steach 23
bùthan **15**

cianalas 19
conacagan ionnsaigh adhair 13

fasgadh ionnsaigh adhair 12
feachdan armaichte 8
Feachd Fearainn nam Ban 20
Feachd na Dùthcha 22, **22**, 23, **23**
fliuchadh na leapa 7
fògradh 4, 5

ionnsaighean adhair **8**, 10, 12

leubailean **4**, **18**
luchd-faire ionnsaighean adhair 10

'margaidh sprèidh' 18
masgan gas 5, **10**, 10, 11, **11**, **12**
mialan 6
mucan 15

neach-faire ionnsaidh adhair **13**

ola-nan-trosg **7**, 7


plèanaichean **4**, 10, 12, 13
postairean 5, **5**, **15**, **20**

raiseanadh 7, 14,
riaghaltas 5, 5, **5**, 21, 22

slàinte 7
sgoiltean 8, 9, 9, 13

teaghlaichean aoigheachd **4**, 7
tidsearan 8, 8, 8, 8, **13**, 17

Beatha làitheil



FÒGARRACH AN DÀRNA COGAIDH

Nuair a thòisich an Dàrna Cogadh ann
an 1939, chaidh na milleanan de chlann
fhògradh dhan dùthaich.

Feumaidh gur e rud eagalach
a bh' ann, do theaghach fhàgail
air do chùl agus beatha ùr
a thòiseachadh fada bhon dachaigh.